



A' Sgrùdadh Eachdraidh Còmhdhail



Dè tha mi a' lorg?

- Dh'fheumadh daoine a-riamh gluasad timcheall na dùthcha. Tha an dòigh anns am bi daoine a' siubhal air atharrachadh thar ùine. An toiseach, cha robh roghainn aca ach coiseachd. An uair sin thàinig eich, canàlan, baidhsagalan, rathaidean-iarainn, tramaichean, càraichean agus plèanaichean.
- Tha gach seòrsa còmhdhail sin a' toirt atharrachadh air a' chumadh-tìre, agus chithear 'ad ma tha fios agad dè tha thu a' lorg!



Mar a gheibhear a-mach mu chòmhdhail

- Tòisich le coimhead ri ainmean rathaidean airson tuairmse fhaighinn. Ma bheir iad iomradh air seòrsa còmhdhail nas aosta, mar as trice 's ann ri linn gun robh e a' ruith faisg air làimh.
- Seall airson clàran air ballachan a tha ag innse dhut mu thogalaichean mar taighean cìse agus taighean-òsta a bha uaireigin co-cheangailte ris a' chòmhdhail.
- Cùm sùil a-mach airson togalaichean no tobhtaichean sam bith, mar seann chidheachan-aiseig, drochaidean no raointean-adhair.
- Tha mapaichean glè mhionaideach agus tha iad a' sealltainn rud sam bith a chithear fhathast anns a' chumadh-tìre mar rathaidean-rèile agus canàlan nach eil gan cleachdadh a-nis.
- Tha mòran de rathaidean an latha an-diugh a' leantainn an aon shlighe ri na rathaidean a thog na Ròmanaich. Tha rathaidean Ròmanach a bha ann roimhe air an sealltainn air mapaichean cuideachd.





Chaidh drochaid a chur an àite na seann aiseig a bha a' ruith bhon chidhe seo.



Bheir soidhnichean rathaid tuairmse dhut mu shlighean còmhdhail anns na làithean a dh'fhalbh.



A bheil thu a' coimhead an stuagh fom biodh an t-each agus a' chairbhist a' dol gus faighinn chun nan stàball?



Seall airson an dà sheann shlighe còmhdhail air a' mhapa seo.



An urrainn dhut innse cò an tè dhiubh sin a bha na seann loidhne tram agus cò an tè a bha na loc canàil?



'S e taighean cìse a bh' ann an togalaichean den chumadh seo roimhe. Airson an rathad a chleachdadh dh'fheumadh tu an duine a bha a' fuireach an seo a phàigheadh.